

Cuspair Clàir-ghnothaich	3
Air. Aithisge	G/4/21

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: **Comataidh na Gàidhlig**

Ceann-latha: **18 Cèitean 2021**

Tiotal Aithisge: **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021**

Aithisg le: **Àrd-Oifigear Gníomhach – Coileanadh agus Riaghlass**

1. Adhbhar/Gearr-chunntas Gníomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisg seo aonta nam Ball a shireadh airson na slighe air adhart a thaobh a bhith a' maoineachadh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 (MNR 2021) a thathar an dùil a chumail ann an Inbhir Nis eadar 8–16 Dàmhair 2021 (ion-ghabhalach).
- 1.2 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air barantas a thoirt seachad gun toir i taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail mar aon de na geallaidean a rinneadh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023. Suas gu deireadh 2020/21, bha aonta air a bhith ann gun deigheadh am MNR a chumail sa Ghàidhealtachd gach trì bliadhna agus chaidh sùim ionlan a thoirt dhan Chomann Ghàidhealach (ACG) de £120,000, air a thoirt seachad ann an trì earrannan de £40,000, pàighe bho bhuidseat Gàidhlig aontaichte na Comhairle.
- 1.3 Bhathar an dùil am MNR a chumail ann an Inbhir Nis ann an 2020. Ach, air sgàth chuingealachaidhean Covid-19, b' fheudar an dòigh-obrach atharrachadh agus chaidh tachartas fior shoirbheachail a chumail air-loidhne. Chaidh aithisg mun chuspair seo gu Comataidh na Gàidhlig san t-Samhain 2020: [file:///C:/Users/cathu/Downloads/Item_5%20\(3\).pdf](file:///C:/Users/cathu/Downloads/Item_5%20(3).pdf).
- 1.4 Shàbhail an tasgadh seo ann an àrd-ùrlaran air-loidhne is bhiortail an tachartas, agus thug seo cothrom do luchd-ciùil, luchd-cluiche is luchd-ùidhe, aig àm nuair a bha cha mhòr gach tachartas cultarail is ciùil air a chur dheth. Bha cothrom an lùib seo cuideachd a' Ghàidhealtachd a thaisbeanadh do dh'aireamh mhòr luchd-amhairc is luchd-èisteachd nàiseanta is eadar-nàiseanta tro chraolaidhean le BBC Alba agus BBC Radio nan Gàidheal. Tha mòran mhiltean cuideachd air coimhead air na tachartasan clàraichte air YouTube. B' e an rud nach robh cho math, gun do chaill Inbhir Nis iomadh cothrom eaonamach, sòisealta is coimhearsnachd a bhiodh an lùib a bhith a' toirt aoigheachd dhan fhèis thraigiseanta is dha na tachartasan a bhiodh an lùib lomall a' Mhòid.

- 1.5 Tha An Comunn Gàidhealach air miann làidir a nochdadh airson tilleadh a dh'Inbhir Nis as t-fhoghar an àite fuireach gu 2024 nuair a bhiodh an t-àm ann dhan fhèis a bhith sa Ghàidhealtachd a-rithist. Ach, air sgàth a' mhodail mhaoineachaidh a chaidh aontachadh roimhe agus a tha fhathast stèidhichte, chan eil aig a' Chomhairle a-nis ach £40,000 sa bhuidseat airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail, an àite an £120,000 a tha a dhùth gus aoigheachd a thoirt dhan tachartas. Mar thoradh air a seo, thathar ag iarraidh air Comataidh na Gàidhlig beachdachadh air taic a chur ri iarrtas a thèid gu Comataidh nan Goireasan Corporra air 26 Cèitean 2021 airson aontachadh suas ri £80,000 a chur ris a' bhuidseat airson 's gun tèid am Mòd a ghleidheadh sa Ghàidhealtachd airson bliadhna eile.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Toirt fa-near do dh'obair ullachaidh le Bòrd na Gàidhlig airson tachartasan Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021; agus
- ii. Aontachadh gun cuirear taic ri iarrtas a thèid gu Comataidh nan Goireasan Corporra air 26 Cèitean 2021, airson suas ri £80,000 a chur ris a' bhuidseat gus an urrainnear am Mòd a ghleidheadh sa Ghàidhealtachd airson bliadhna eile.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas

Tha a' bhuaidh air goireasan mar a thathar a' mìneachadh san aithisg. Feuchaidh an t-Seirbheis ri cuideam an £80,000 a lùghdachadh cho math 's a ghabhas le bhith ag isleachadh caiteachas ann an raointean eile. Chan eil mòran cothruim ann seo a dhèanamh ge-tà, seach gu bheil mòran de mhaoineachadh Sgioba na Gàidhlig a' tighinn bho thabhartasan airson phròiseactan sònraichte.

- 3.2 Laghail

Ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023, a tha stèidhichte air riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, tha a' Chomhairle air gealltann taic a thoirt dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)

'S e tachartas a tha sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail a tha a' brosnachadh compàirteachas bho air feadh na Gàidhealtachd agus a tha a' cuideachadh ann a bhith a' brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach

Chan eil buaidhean direach sam bith a' tighinn am bàrr mar thoradh air an aithisg seo.

- 3.5 Cunnart

Mura toir a' Chomhairle seachad an taic ionmhasail a tha a dhùth, math dh'fhaodte gun gluais am MNR gu Peairt far an robhar an dùil Mòd 2021 a chumail. Chailleadh a' Ghàidhealtachd na buannachdan eaonamach is coimhearsnachd agus an deagh chliù a tha an lùib na fèise aig àm nuair a tha ath-shlànnachadh eaonamach is mathais cho cudromach.

- 3.6 Gàidhlig

Mas urrainnear am MNR a ghleidheadh, bidh buaidh fior mhath aig a seo airson na Gàidhlig seach gu bheil am Mòd am measg phrìomh ghealltanasan Chomhairle na Gàidhealtachd taobh a-staigh Plana Gàidhlig 3.

4. Cùl-fhiosrachadh

- 4.1 'S e am MNR priomh fhèis na h-Alba airson a bhith a' comharrachadh cànan, ceòl is cultar na Gàidhlig. Tha am Mòd a' comharrachadh cànan, cultar is spiorad nan Gàidheal agus a' cur air adhart an iomchaidheachd is an luach ann an Alba an latha an-diugh. Tha am Mòd a' toirt àrd-ùrlar is priomh amas do luchd-cleachdaidh is luchd-taic na Gàidhlig, agus tha e gu h-àraid iomchaidh do ghinealaichean ùra de Ghàidheil a tha a' tighinn am bàrr à sgoiltean is oilthighean agus a tha nam pàirt cho cudromach de dh'àm ri teachd na Gàidhlig.
- 4.2 A bharrachd air co-fharpaisean is tachartasan oifigeil a' Mhòid, bidh prògram loma-làn thachartasan de gach seòrsa a' gabhail àite aig an aon àm aig lomall a' Mhòid. 'S e tachartas mac-meanmnach is innleachdach a th' ann an lomall a' Mhòid agus e ag amas air a bhith brosnachail is misneachail, agus a' toirt tàlant ùr is tàlant aithnichte còmhla.
- 4.3 Bidh fios aig Buill gun deach Mòd 'traidiseanta' Inbhir Nis 2020 a chur dheth air sgàth galar mòr-sgaoilte Covid-19. Ach, chuir ACG air dòigh dreachd air-loidhne dhen tachartas agus thug seo cothrom dhaibh a bhith innleachdach nan dòigh-obrach agus ceangal a thogail eadar am Mòd is coimhearsnachd na Gàidhlig. B' urrainnear seo a dhèanamh le bhith a' déanamh feum de na teicneòlasan as ùire.

5. Mòd Inbhir Nis 2021

- 5.1 Seach nach deach am Mòd air adhart na chruth thraigheanta, tha ACG air a bhith a' conaltradh le Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Pheairt mu bhith ag atharrachadh a' chlàir-ama gus MNR 2021 a chumail ann an Inbhir Nis agus MNR 2022 a chumail ann am Peairt (far an robhar an dùil MNR 2021 a chumail). Tha Comataidh Eagrachaidh Ionadail (CEI) MNR 2021 Inbhir Nis agus Buidheann Thachartasan a' Mhòid (BTM) a' coinneachadh air-loidhne, agus tha Sgioba na Gàidhlig a' leantainn air adhart a' toirt taic dhaibh agus dhan Chomunn Ghàidhealach.
- 5.2 Air sgàth mì-chinnt leantainneach mu bhuaidh Covid-19, thathar a' cur air dòigh tachartas measgaichte airson MNR 2021. Ged nach eil an tachartas co-ionann ris an àbhaist, bheir an dòigh-obrach mheasgaichte seo an cothrom as fheàrr seachad dhan Chomunn Ghàidhealach priomh amasan is mion-amasan na buidhne a lìbhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic is leasachadh do chànan, do chultar is do dhualchas na Gàidhlig aig ìrean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta fhad 's a thathar a' toirt buannachd eaconamach is sòisealta do bhaile Inbhir Nis agus dhan Ghàidhealtachd. Tro bhith a' cleachdadadh cuid de na dòighean-obrach air-loidhne a chaidh a chleachdadadh ann an 2020, bidh e comasach cuideachd dhan Mhòd luchd-eisteachd fada nas fharsainge a ruigsinn na bhiodh comasach tron tachartas thraigheanta agus tha cothrom ann Inbhir Nis agus a' Ghàidhealtachd a thaisbeanadh air àrd-ùrlar nàiseanta is eadar-nàiseanta.

6. Clàr Thachartasan Dealbhte Mòd Inbhir Nis 2021

- 6.1 Tha ACG a' leasachadh liosta de thachartasan dealbhte agus a' comharrachadh priomh thachartasan mar phàirt dhen fhèis iomlan fhad 's a thathar cuideachd a' toirt cothrom seachad airson subailteachd a thaobh àireamh is raon nam pàirtean beò a dh'haodas a bhith air an cumail, a rèir chuingealachaidhean a dh'haodadh a bhith ann air sgàth a' mhòir-ghalair. Thathar an dùil gun tèid barrachd thachartasan a' buntainn ri lomall a' Mhòid a chur ris a' phrògram a rèir buidseat agus mar a thèid

cuingealachaidhean Covid-19 a thogail.

- 6.2 Tha na tachartasan corporra sa phrògram a' gabhail ealla do mheudan-comais cuingealaichte airson luchd-èisteachd beò, ach ma thèid riaghailtean a lùghdachadh is urrainnear barrachd dhaoine a leigeil a-steach a rèir sin. Thèid sùil a chumail air an t-suidheachadh mar a bhios planaichean a' dol air adhart.
- 6.3 Air sàillibh a' mheasgachaidh de thachartasan beò agus air-loidhne a tha san amharc, thathar an dùil gum feumar luchd-obrach a bharrachd fhastadh air stèidh geàrr-ùine, airson cuideachadh le stiùireadh pròiseict, riochdachadh thachartasan is taic. Thathar ag aithneachadh gu bheil sruthadh beò thachartasan, mar a tha aig ACG san amharc, a' sior fhàs cudromach mar dhòigh gus luchd-èisteachd is luchd-amharc sgapte a ruigsinn, ach bidh feum air barrachd luchd-obrach teicnigeach is stiùirichean, agus thig cosgais a bharrachd an lùib sin.

7. Clàr Cunnairt

- 7.1 Tha ACG air Clàr Cunnairt a leasachadh a' buntainn ris a' phlana thachartasan a thathar a' moladh agus tha seo a' beachdachadh air na priomh dhùbhlain is chunnartan a tha an lùib a bhith ga libhrigeadh. Tha a' mhòr-chuid den chunnart mu thimcheall air a' mhì-chinnt a thaobh Covid-19 a tha fhathast a' dol air adhart, ach tha e cuideachd a' comharrachadh nan cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh maoineachadh is goireasan airson an tachartais. Tha an Clàr Cunnairt air ùrachadh is air ath-sgrùdadh gu cunbalach leis a' phriomh luchd-ùidh air fad.

8. Maoineachadh Mòd Inbhir Nis

- 8.2 Thug a' Chomhairle maoineachadh dhan MNR ann an 2020 mar a bha dùil, a rèir a' mhodail mhaoineachaidd a chaith aontachadh le Comataidh nan Goireasan Corporra san t-Samhain 2019 agus a chaith aontachadh leis a' Chomann Ghàidhealach. Ach, mar a chaith a mhìneachadh roimhe, ri linn a' ghalair mhòir-sgaoilte, b' fheudar an tachartas a libhrigeadh ann an doigh gu math eadar-dhealaichte agus chaill a' Ghàidhealtachd iomadh buannachd a thigeadh an cois a bhith a' toirt aoigheachd dhan fhèis san doigh thraigiseanta.
- 8.3 An àite feitheamh gus an tig an t-àm mun cuairt a-rithist airson aoigheachd a thoirt dhan MNR an ceann trì bliadhna, tha An Comunn Gàidhealach air innse gun tèid am MNR a chumail ann an Inbhir Nis as t-fhoghar mas urrainn do Chomhairle na Gàidhealtachd dearbhadh gun toir i seachad an taic ionmhasail àbhaisteach agus tha Comhairle Pheairt air innse gun gabh i ri dàil aon bhliadhna. Bidh seo fiòr mhath dhan bhaile agus dhan Ghàidhealtachd, gu h-àraid aig àm nuair a tha cruaidh fheum air cothroman airson leasachadh eaconamach agus eadar-obrachadh sòisealta is cultarail nuair a thathar a' faighinn seachad air buaidhean Covid-19.
- 8.4 Gu mi-fhortanach, chan urrainn do bhuidseat na Gàidhlig a' gheàrr-shuim de £80,000, a tha a' tighinn am bàrr bho bhith a' toirt taic dhan MNR airson dà bhliadhna às dèidh a cheile, a chòmhach seach gu bheil a' mhòr-chuid de bhuidseat leasachadh na Gàidhlig a' tighinn bho thabhartasan agus bidh e doirbh seo a chòmhach tro bhith a' lùghdachadh caiteachas ann an raointean eile. Mar thoradh, thathar ag iarraidh air Comataidh na Gàidhlig aontachadh gun cuirear aithisg gu Comataidh nan Goireasan Corporra air 26 Cèitean 2021 airson iarraidh £80,000 a chur ris a' bhuidseat, mar phàigheadh aon turais.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gniomhach, Coileanadh agus Riaghachas

Ceann-latha: 26 Giblean 2021

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Cùl-fhiosrachadh: